

# Conaltradh

Amas	Gnìomhachadh	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Seirbheisean na Comhairle don phoball rim faighinn tro mheadhan na Gàidhlig</b>	<b>Fàilteachadh:</b>			
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil aon neach-obrach an còmhnaidh ann an àitichean-fàilteachaidh a dhèiligeas ri ceistean Ghàidhlig.</li> </ul>	Stiùiriche Roinn Ionmhais agus Ghoireasan Chorporra		Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich soidhnichean-deasga 's eile, a' sealltainn gu bheil luchd-obrach an làthair as urrainnear Gàidhlig a bhruidhinn.</li> </ul>	Stiùiriche Roinn Ionmhais agus Ghoireasan Chorporra	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù susbaint Gàidhlig air choreigin air sgàilean fiosrachaidh no plasma ann an àitichean-fàilteachaidh.</li> </ul>	Stiùiriche Roinn Ionmhais agus Ghoireasan Chorporra		Leantainneach
	<b>Fòn:</b>			
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil aon neach-obrach an còmhnaidh ann an àitichean -fàilteachaidh a dhèiligeas ri ceistean Ghàidhlig.</li> </ul>	Stiùiriche Roinn Ionmhais agus Ghoireasan Chorporra		Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ùraich ar liosta de luchd-obrach bho gach Roinn a bhiodh deònach dèiligeadh ri ceistean Ghàidhlig bhon phoball air a fòn.</li> </ul>	Stiùiriche Roinn Ionmhais agus Ghoireasan Chorporra	2019	
<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich luchd-obrach le Gàidhlig tro bhrathan stiùiridh na beannachdan Gàidhlig “madainn mhath/feasgar math” a chleachdadh nuair a dh’ fhreagas iad a fòn.</li> </ul>	Stiùiriche Roinn Ionmhais agus Ghoireasan Chorporra	2019		
<b>Litrichean agus Puist-d:</b>				
<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir freagairt air ais sa Ghàidhlig gu litir no post-d sam bith chun Chomhairle sa Ghàidhlig. Cuidichidh Sgioba na Gàidhlig nuair a dh’ fheumar.</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig		Leantainneach	

Amas	Gnìomhachadh	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
Amas	Gnìomhachadh	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Comhairle don phoball rim faighinn tro mheadhan na Gàidhlig</b>	cruth dà-chànanach le neach no buidheann a tha àithnichte airson Gàidhlig a chleachdadh.	/ Sgioba na Gàidhlig		
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid freagairt a chur gu litir no post-d sa Ghàidhlig taobh a-staigh an aon àm 's a thèid freagairt a chur gu litir no post-d sa Bheurla.</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ann an riochd dà-chànanach, cruthaich fiosrachadh post-d, freagairtean a-mach à oifis, ainmean-sgrìobte eileagtronaigeach is eile dhan luchd-obrach a tha gan iarraidh.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Rè teirm a' Phlana	
	<p><b>Modh Gearain:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn dreachd ùr dà-chànanach, as urrainnear lùghdachadh a-nuas, de dh' fhoirm-gearain na Comhairle.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid freagairt a chur gu gearan ann an litir no post-d sa Ghàidhlig taobh a-staigh an aon àm 's a thèid freagairt a chur gu litir no post-d sa Bheurla.</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ma gheibhear gearan sa Ghàidhlig air a fòn, thèid dèiligeadh ri seo le oifigear iomchaidh aig a bheil sgilean labhairt Gàidhlig.</li> </ul>	Stiùiriche Roinn Ionmhais agus Ghoireasan Chorpóra	Leantainneach	
	<p><b>Ceistean mu Eadar-theangachadh:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn seirbheis eadar-theangachadh na Gàidhlig a thoirt seachad do cheistean eadar-theangachaidh bhon phoball 's buidhnean coimhearsnachd.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	

<b>Seirbheisean na Comhairle don phoball rim faighinn tro</b>	<u>Taghaidhean:</u> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn fiosrachadh dà-chànanach mu thaghaidhean uàird a thoirt seachad.</li> </ul>	Manaidsear Sheirbheisean Deamocratach	Leantainneach	
<b>Amas</b>	<u>Tachartasan Catharra:</u> <b>Gnìomhachd</b>	<b>Oifigear(an) an Urra</b>	<b>Raon-ama</b>	
	aig tachartasan catharra, mar fhosglaidhean oifigeil.			
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid cuireadhidhean oifigeil gu tachartasan gu lèir bhon Chomhairle a-mach ann an cruth dà-chànanach</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<u>Baidsean Gàidhlig:</u> <ul style="list-style-type: none"> <li>A rèir measadh buaidh air co-ionannachd, cuiridh sinn sgeama baidse Gàidhlig air bhog gus toirt air luchd-obrach le Gàidhlig an sgilean conaltraidh a chleachdadh.</li> </ul>	Ceannard Stòras Daonna		2020

## Foillseachaidhean

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama
<b>Nas urrainn 's a ghabhas de shusbaint Ghàidhlig a chur ann am foillseachaidhean na Comhairle</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <u>Meadhan susbaint dà-chànanach</u> air feadh Ìosalaisleat na Gàidhlig agus Stiùirichean</li> <li>• Leasachadh a' cleachdadh a' leasachadh nas trèanaidh meadhanan le clàran-ama nam busaichean.</li> </ul>	Ceannard T.F. / Sgioba na Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig	2019
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh cinn-litrichean, bileagan-dùrachd agus cairtean-gnothachais gu lèir dà-chànanach.</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig	2019
	<p><b><u>Bileagan, Leabhlanan agus Postairean:</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leasaich sreath nas fharsainge de bhileagan, leabhlanan agus postairean le susbaint Ghàidhlig.</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig	2019
	<p><b><u>Conaltradh leis na Meadhannan:</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cùm oirnn an àireamh as motha 's as urrainn de bhrathan-naidheachd dà-chànanach a chur a-mach, le cuideam air an fheadhainn a tha as cudromaich don phoball.</li> </ul>	Oifigear Conaltraidh / Oifigear Conaltraidh Gàidhlig	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tabhainn seiseanan trèanaidh sna meadhanan Gàidhlig do Bhuill. Cuiridh Oifigear Conaltraidh na Gàidhlig taic thuca gus deasachadh a dhèanamh airson agallamhan Gàidhlig.</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Oifigear Conaltraidh Gàidhlig	Leantainneach
	<p><b><u>Làrach-lìn:</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheil dealbhadh an làrach-lìn a' gabhail a-steach susbaint Ghàidhlig far a ghabhas sin a dhèanamh.</li> </ul>	Ceannard T.F. / Sgioba na Gàidhlig	2019

<b>foillseachaidhean na Comhairle</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir putan air duilleag-dachaigh an làrach-lìn le ceangal gu duilleagan sgrìobhte sa Ghàidhlig. Bidh seo ceangailte ri duilleagan eile sa Ghàidhlig a’ ciallachadh gum bi co-</li> </ul>	Ceannard T.F. / Sgioba na Gàidhlig	2019	
Amas	Gnìomhachadh	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Nas urrainn 's a ghabhas de shusbaint Ghàidhlig a chur ann am</b>	<p><b>Taisbeanaidhean:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi ceanglaichean dìreach</li> <li>Dèan cinnteach gu bheil nas urrainn 's a chur ann am Plana Cànain seo agus chur an gnìomh de dh'fhiosrachadh ann an Phlèasaidh Gàidhlig air duilleag-dachaigh an làrach-lìn.</li> </ul>	Ceannard T.F. / Sgioba na Prìomh Oifigear Sheirbheisean Culturail agus Fiosrachaidh	2019	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir ceangal gu geàrr-chunntasan de choinneamhan Comataidh Buileachaidh Plana Cànain air an duilleag-dachaigh.</li> </ul>	Ceannard T.F. / Sgioba na Gàidhlig	2019	
	<p><b>Facebook agus Twitter:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich susbaint Ghàidhlig de dhuilleag Facebook na Comhairle, agus meudaich an àireamh de bhrathan Ghàidhlig oirre.</li> </ul>	Oifigear Conaltraidh Gàidhlig	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich an àireamh de thuitichean Ghàidhlig air duilleag Twitter na Comhairle, le fòcas air na cuspairean as cudromaiche don phoball.</li> </ul>	Oifigear Conaltraidh Gàidhlig	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn pàirt a ghabhail anns an tachartas bliadhna, “Latha Twitter na Gàidhlig”.</li> </ul>	Oifigear Conaltraidh Gàidhlig		Leantainneach

<b>foillseachaidhean na Comhairle</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheil susbaint dà-chànanach sna brataichean-taisbeanaidh gu lèir aig a' Chomhairle.</li> </ul>	Prìomh Oifigear Sheirbheisean Culturail agus Fiosrachaidh	Leantainneach
<b>Amas</b>	<b>Gnìomhachd</b>	<b>Oifigear(an) an Urra</b>	<b>Leantainneach Raon-ama</b>

## Luchd-obrach

<b>Inbhe nas àirde don Ghàidhlig ann am pròiseas fastaidh</b>	<p><b><u>Dreuchdan far am biodh Gàidhlig Buannachdail:</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leudachadh a thoirt air dreuchdan sa Chomhairle far am biodh comasan Gàidhlig a chum buannachd, an urra ri feumalachdan lagha.</li> </ul>	Ceannard Stòras Daonna	Rè teirm a' Phlana	
	<p><b><u>Sanasachd Fastaidh:</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cùm oirnn sanasan airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach a chur a-mach ann an Gàidhlig a-mhàin.</li> </ul>	Ceannard Stòras Daonna / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Meudaich, ma ghabhas e a dhèanamh, an aireamh de shanasan fastaidh ann an cruth dà-chànanach airson dreuchdan far am biodh Gàidhlig buannachdail.</li> </ul>	Ceannard Stòras Daonna / Sgioba na Gàidhlig	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Nì sinn follaiseach e ann an sanasan fastaidh gu bheil Poileasaidh Gàidhlig agus Plana Gàidhlig aig a' Chomhairle.</li> </ul>	Ceannard Stòras Daonna	2019	

## Caibideil 3 – Raointean-gnìomh Gàidhlig

Tha na sia Raointean-gnìomh Gàidhlig a tha air an comharrachadh sa Chaibideil seo a' leanntainn gu dlùth an teamlaid air a chleachdadh le Bòrd na Gàidhlig sa *Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig*. Tro bhith a' dol tro chùrsa co-chomhairleachaidh poblach, agus togail air agus sgrùdadh a dhèanamh air a' chiad dà chuairt de Phlana- cànain Gàidhlig na Comhairle, chaidh an comharrachadh mar deatamach gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh, an dà chuid taobh a-staigh na buidhne fhèin, agus sna coimhearsnachdan. Mar a bhiodh dùil, tha na Raointean seo co-cheangailte ri chèile agus tha tar-iadhadh gu tric ann eatarra, agus tha iad a' gabhail a-steach sreath farsaing de dh' obair leasachadh na Gàidhlig. Tha na sia Raointean-gnìomh mar a leanas:

1. Gàidhlig san Dachaigh
2. Gàidhlig ann am Foghlam agus Ionnsachadh
3. Gàidhlig agus Coimhearsnachdan
4. Gàidhlig san Àite-obrach
5. Gàidhlig sna h-Ealain agus ann an Dualchas
6. Dealbhadh Corpais don Ghàidhlig

Mar sin, tha na bùird-fiosrachaidh air duilleagan 33-59 a' sealltainn mar a tha a' Chomhairle airson taic a chur ri Gàidhlig agus an cànain a dh' ath-bheòthachadh, an dà chuid taobh a-staigh na Comhairle fhèin, agus sna coimhearsnachdan sna h-Eileanan Siar, a thaobh nan sia Raointean-gnìomh Gàidhlig. Thèid a dhèanamh gu soilleir cuideachd nuair a thathar a' faireachdainn gu bheil co-obrachadh le buidhnean leasachaidh Gàidhlig eile deatamach no freagarrach.



## 1. Gàidhlig san Dachaigh

### Suidheachadh Gnàthaichte

Ann a bhith ag obair gu dlùth le NHS Eileanan Siar, tha a' Chomhairle an sàs ann a bhith a' dèanamh *Phasgain Mhàthraichean Ùra* do phàrantan ùra sna h-Eileanan, a bhios a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha dà-chànanas do leanaban òga, agus a' brosnachadh nam pàrantan gus an clann a chlàradh mar sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG). Tha làrach-lìn aig a' Chomhairle, *Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig* (<http://www.gaelicmediumeducation.com>), a bhios a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach a thaobh buannachdan dà-chànanaidh do chloinn, agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig sna dachaighean.

Tha clasaichean obair-dachaigh na Gàidhlig do phàrantan le clann ann am FMG air a bhith a' ruith airson ùine mhòr, agus gheibh gach pàrant cothrom air prògram luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus lìon-taic coimhearsnachd-ionnsachaidh. 'S urrainn dha pàrantan clasaichean Gàidhlig *Ùlpan*, aig diofar ìrean, a dhèanamh, a bhios gan toirt gu fileantas aig a' cheann thall, agus clasaichean *Gàidhlig san Dachaigh*, far a bheilear ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an co-theacs an dachaigh. A bharrachd air seo, bidh a' Chomhairle ag obair le buidhnean Gàidhlig eile, mar Chomunn na Gàidhlig (CnaG), Comunn nam Pàrant (CnaP), agus Cothrom, gus cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh a bhrosnachadh tro, mar eisimpleir, *Sgeama Comhairle do Phàrantan* agus *Sgeama Tadhaill Dhachaighean*, agus a thaobh *Iomairtean Gàidhlig* CnaG ann an Iar-thuath Leòdhais agus ann an Uibhist a Deas.

# 1. Gàidhlig san Dachaigh

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh	<b>1.1 FMG do Sgoilearan Ro-sgoile:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh cùram-cloinne agus foghlam ro-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig rim faighinn ann an gach sgìre-sgoile.</li> </ul>	Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich an àireamh de chlann air an clàradh ann am FMG.</li> </ul>	Àrd-oifigearan Foghlaim	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn an app didseatach agus làrach-lìn <i>Òrain na Cloinne Bige</i> a leasachadh, a bhios a' cleachdadh òrain Gàidhlig mar thaic airson foghlam Gàidhlig ro-sgoile.</li> </ul>	Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan		Leantainneach
	<b>1.2 Buannachdan Dà-chànanais – A' Togail Mothachadh:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn le bhith ag obair gu dlùth le NHS Eileanan Siar ann a bhith a' dèanamh <i>Phasgain Mhàthraichean Ùra</i>, a bhios a' cur cuideam air buannachdan dà-chànanais do dh' inntinnean cloinne, agus a' brosnachadh phàrantan an clann a chlàradh mar sgoilearan FMG.</li> </ul>	Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean		Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich iomairt a bhios a' meudachadh tuigse air buannachdan dà-chànanais do dh' inntinnean cloinne.</li> </ul>	Fo-chomataidh Chlàrachaidhean FMG	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn "Lathaichean Gàidhlig" bliadhnaile a chur air dòigh air feadh nan sgoiltean gu lèir agus cuideam a chur air buannachdan dà-chànanais, agus fiosrachadh a thoirt dha pàrantan mu FMG.</li> </ul>	Fo-chomataidh Chlàrachaidhean FMG		Leantainneach

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn a bhith a' leasachadh làrach-lìn na Comhairle, <i>Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig</i>, a bhios a' cur cuideam air buannachdan FMG do dh' inntinnean cloinne.</li> </ul>	Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan	Leantainneach	
	<p><b>1.3 Taic Gàidhlig do Phàrantan:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile pàrant de chlann ann am FMG air Prògram Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus Lìon-taic Ionnsachadh Coimhearsnachd.</li> </ul>	Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir air adhart làrach-lìn Stòrlann, <i>Gaelic4Parents.com</i>, air làrach-lìn na Comhairle, <i>Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig</i>, gus taic a thoirt do phàrantan le clan ann am FMG. Tha seo a' gabhail a-steach cuideachadh beò air-loidhne le obair-dachagh Gàidhlig.</li> </ul>	Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan	Leantainneach	
	<p><b>1.4 Ionnsachadh Gàidhlig do Luchd-obrach Tràth-bhliadhnaichean:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi luchd-obrach Tràth-bhliadhnaichean a' frithealadh chlasaichean Gàidhlig, (rim faighainn aig diofar irean), dà thuras gach seachdain.</li> </ul>	Ceannard e-Sgoil	2019	

## 2. Gàidhlig ann am Foghlam agus Ionnsachadh

### Suidheachadh Gnàthaichte

Tha a' Chomhairle a' cur foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig teas-mheadhan solar foghlaim anns na h-Eileanan an Iar. An-dràsta tha 21 sgoiltean-àraich ro-sgoile a' tabhann FMG, cho math ri 15 com-pàirtichean solair Chròileagain, agus 20 a-mach à 22 bun-sgoil sna h-Eileanan an Iar a' tabhann FMG. An dràsta tha 47% de chlann P1 sna h-Eileanan ann am FMG, agus tha a' Chomhairle ag amas gum bi 55% ann ro 2020, agus 70% de chlann ann am P1 ann am FMG ro dheireadh a' Phlana. Tha sia sgoiltean Gàidhlig sna h-Eileanan, agus thathar an dùil ann an sgoiltean far a bheil a' mhòr-chuid de sgoilearan P1-P7 ann an FMG, gun dèigheadh cùrsa conalaidh poblaich a chumail gus faighinn a-mach a bheil taic ann airson na sgoiltean sin ainmeachadh gu h-oifigeil mar sgoiltean Gàidhlig. Tha e cuideachd ri faotainn mar chànan teagaisg ann an diofar chuspairean sna ceithir àrd-sgoiltean sna h-Eileanan, nam measg; Matamataig, Eachdraidh, Cruinn-eòlas agus Saidheans. Tha na h-àrd-sgoiltean gu lèir ann an lionra didseatach air loidhne, mar phàirt de "e-Sgoil nan Eilean Siar". Tha seo a' toirt cothrom do sgoilearan sna sgoiltean seo air cuspairean nach eil rim faighinn sna sgoiltean aca, a' gabhail a-steach cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh taghadh 6 cuspairean a thabhann sna 3 àrd-sgoiltean as lugha ann Lùnastal 2017 mar phàirt de chlàr-ama co-òrdanaichte. Thèid seo a chuideachadh le neo-làthaireachd luchd-obrach agus taghadh chuspairean. Thathar an dùil gum meudaich seo cothroman ionnsachaidh. Mar as trice, bidh a' mhòr-chuid de sgoilearan a' dèanamh 7+5+3/4 thairis air 3 bliadhna, a' ciallachadh gum biodh 15/16 teisteanas aca, ach le bhith a' dèanamh 6+6+6, faodaidh gum biodh 18 teisteanas aca. Bidh e cuideachd gan cuideachadh a thaobh FE/HE agus obair oir bidh sreath nas fharsaing de theisteanasan aca. A bharrachd air sin, bidh sgilean obrach nas fheàrr aca ma bhios D of E teisteanas John Muir aca. Dhèigheadh seo a dhèanamh sa Ghàidhlig. Ma 's e' s gum bi clàr-ama S4-S6 ann, bhiodh seo a' ciallachadh gum biodh clasaichean ann stèidhichte air comas an àite aois. Tha seo buannachdail don Ghàidhlig mar chuspair, oir faodar clasaichean a dhèanamh an àirde le sgoilearan bhon trì buidhnean aoise an àite aon. Chuir Sgoil Lionacleit Gàidhlig mar chuspair ann an 2 chobh air an fhoirm taghadh chuspairean ann an 2017/18 airson S4-S6, agus chaidh clàradh airson clasaichean Gàidhlig an àirde le 154%.

Tha FMG ga brosnachadh cuideachd le Roinn an Fhoghlaim tron *Phlana Gàidhlig 2016-18* aca, duilleag Facebook *Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig*, Lathaichean Fiosrachaidh na Gàidhlig bliadhnaile agus Pasganan Mhàthraichean Ùra, far a bheil pàrantan ùra a' faighinn fiosrachadh

mu bhuannachdan dà-chànanais airson leasachadh inntinninn cloinne, agus far a bheilear a' brosnachadh phàrantan an clann a chlàradh mar sgoilearan FMG. Tha goireasan ionnsachaidh Gàidhlig air-loidhne gam brosnachadh, agus tha teagasg ciùil agus drama Gàidhlig rim faighinn cuideachd. faodaidh sgoilearan Gàidhlig a thaghadh mar chuspair anns a h-uile àrd-sgoil sna h-Eileanan. Tha teagasg ciùil agus dràma cuideachd rim faotainn. Tha cothrom cuideachd aig òigridh air teagasg beòil Gàidhlig ann an sgìrean ionnsachaidh leudaichte, a' gabhail a-steach buidhnean-òigridh, eòlas obrach agus cur-seachadan còmhnaidheach, agus bidh luchd-obrach òigridh a' co-òrdanachadh chur-seachadan tro mheadhan na Gàidhlig.

Thathar a' brosnachadh luchd-obrach Roinn an Fhoghlaim, a' gabhail a-steach luchd-teagaisg nach eil fileanta, gu bhith a' frithealadh chlasaichean Gàidhlig Ùlpan, (a' gabhail a-steach cùrsaichean còmhnaidheach). Thathar cuideachd a' brosnachadh luchd-teagaisg fileanta sa Ghàidhlig a tha airson an sgìlean gràmair aca a leasachadh gu bhith a' frithealadh chlasaichean *Gràmar na Gàidhlig*, a bhios a' ruith dà thuras gach bliadhna. Mu dheireadh thall, thathar a' brosnachadh luchd-teagaisg gu bhith a' frithealadh cùrsaichean *Gaelic Immersion for Teachers (GIFT)*, a chuidicheas luchd-teagaisg le teisteanasan aig a bheil sgìlean Gàidhlig eadar-mheadhanach gus an urrainn dhaibh teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

## 2. Gàidhlig ann am Foghlam agus Ionnsachadh

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an sgoiltean</b>	<p><b>2.1 FMG ann am Bun-sgoiltean:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi 70% de sgoilearan P1 air an clàradh ann am FMG ro dheireadh a' Phlana.</li> </ul>	Àrd-oifigear Foghlaim		2022
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich an àireamh de chlann FMG ann an Steòrnabhagh le 10% gach bliadhna.</li> </ul>	Àrd-oifigear Foghlaim		Rè teirm a' Phlana
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach, tro dealbhadh airson luchd-obrach ri leantainn agus prògram leasachaidh luchd-obrach, gum bi luchd-obrach gu leòr ann gus an amas de 70% a choileanadh.</li> </ul>	Àrd-oifigear Foghlaim		Rè teirm a' Phlana
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air an ìre' s a bheil clann a' fàgail FMG ann am bun-sgoiltean, agus leasaich ro-innleachdan gus seo a lùghdachadh, ma dh' fheumar.</li> </ul>	Àrd-oifigear Foghlaim		Rè teirm a' Phlana
	<p><b>2.2 Taic do Phàrantan de Chlann FMG ann am Bun-sgoiltean:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile pàrant air Prògram Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus Lìon-taic Coimhearsnachd-ionnsachaidh.</li> </ul>	Àrd-oifigear Foghlaim	2019	
	<p><b>2.3 e-Sgoil:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn e-Sgoil a leasachadh, sgoil didseatach na Comhairle, gus an urrainear barrachd teagaisg FMG a libhrigeadh thairis air na h-Eileanan, agus lìon-teagaisg nas fharsainghe a chruthachadh air feadh Alba.</li> </ul>	Ceannard e-Sgoil		Rè teirm a' Phlana

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra		Raon-ama
<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an sgoiltean</b>	<b>2.4 FMG ann an Àrd-sgoiltean:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh FMG ri fhaighinn anns na h-Àrd-sgoiltean S1-6 gu lèir, an dà chuid aig ìrean Foghlam Farsaing Coitcheann agus Nàiseanta 5.</li> </ul>	Ceannard e-Sgoil	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh FMG ri fhaighinn anns na h-Àrd-sgoiltean S1-6 gu lèir aig Àrd Ìre.</li> </ul>	Ceannard e-Sgoil	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi cothrom aig gach neach-obrach air Prògram Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a tha freagarrach dhaibh.</li> </ul>	Ceannard e-Sgoil	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich cothroman ionnsachadh na Gàidhlig do luchd-obrach tro Leasachadh Leantainneach Proifeiseanta (CPD).</li> </ul>	Manaidsear Seirbheis – Ionnsachadh agus Leasachadh	Rè teirm a’ Phlana	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn a bhith a’ brosnachadh luchd-teagaisg gu bhith a’ frithealadh chlasaichean Bogadh na Gàidhlig do Luchd-teagaisg (GIFT), tro Sgeama Tabhartais na Ghàidhlig.</li> </ul>	Stiùiriche Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich dealbhadh airson luchd-obrach ri leantainn agus prògram leasachaidh luchd-obrach, gus dèanamh cinnteach gum bi luchd-obrach gu leòr ann gus amasan nan àrd-sgoiltean a choileanadh.</li> </ul>	Ceannard Seirbheis – Foghlam agus Seirbheisean Cloinne	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid àrd-oifigearan agus luchd-obrach àrdaichte a bhrosnachadh gu bhith ag ionnsachadh agus a’ cleachdadh na Gàidhlig gu làitheil, gus cleachdadh math a stèidheachadh a leanas luchd-obrach eile.</li> </ul>	Stiùiriche Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne	Rè teirm a’ Phlana	

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an sgoiltean</b>	<b>2.5 <u>Cultar agus Eachdraidh na Gàidhlig:</u></b>			
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi dealbhadh curraicealaim a' gabhail a-steach cànan, cultar agus eachdraidh na Gàidhlig.</li> </ul>	Oifigear nan Ealan / Ceannard e-Sgoil / Àrd-oifigear Foghlaim		Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi an àireamh as àirde de dhaoine òga an sàs ann an cur-seachadan co-cheangailte ri cultar agus na h-ealain Gàidhlig, nam measg, ceòl traidiseanta, litreachas agus bàrdachd.</li> </ul>	Oifigear nan Ealan	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn com-pàirteachasan a leasachadh le Leasachadh Ionnsachadh Coimhearsnachd (CLD), Stòrlann is buidhnean foghlaim eile, le fòcas air cleachdadh a' chànain a leasachadh.</li> </ul>	Oifigear nan Ealan		Rè teirm a' Phlana
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich ro-innleachd ealain cruthachail Gàidhlig ùr, a' cruthachadh stuthan curraicealaim ùra ann an co-bhann ri buidhnean ealain agus eachdraidh ionadail Gàidhlig.</li> </ul>	Oifigear nan Ealan	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bithear a' faighinn taic-airgid leantainneach mar bhuidhean airson pròiseactan mas urrainnear sealltainn gu bheil leasachadh Gàidhlig dhà-rìribh air tachairt bhon thòisich am pròiseact.</li> </ul>	Stiùiriche Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne		Rè teirm a' Phlana
	<b>2.6 <u>Tachartasan taobh a-muigh a' Churraicealaim:</u></b>			
<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich Ro-innleachd Òigridh Gàidhlig, a bhios a' cur air dòigh tachartasan do sgoilearan Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean coimhearsnachd.</li> </ul>	Manaidsear Ionnsachadh taobh a-muigh na Sgoile	2019		



Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama
<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an sgoiltean</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn luchd-obrach Gàidhlig a chur an dreuchd gus sreath de thachartasan taobh a-muigh a’ churraicealaim tro mheadhan na Gàidhlig a cho-òrdanachadh do dh’ òigridh.</li> </ul>	Manaidsear Ionnsachadh taobh a-muigh na Sgoile	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn maoinachadh a lorg airson iomairtean òigridh Gàidhlig taobh a-muigh a’ churraicealaim, fo sgeama Thabhartasan Sònraichte don Ghàidhlig.</li> </ul>	Manaidsear Ionnsachadh taobh a-muigh na Sgoile	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn taic a chur ri sgoilearan air feadh nan Eilean a tha airson pàirt a ghabhail anns an fharpais deasbaid Gàidhlig bliadhnaile nàiseanta, <i>Deasbad</i>.</li> </ul>	Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan	Leantainneach
	<p><b>2.7 Leasachadh Ioma-mheadhain:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn goireasan airson làrach-lìn e-Stòras a leasachadh, a chleachdar ann an sgoiltean.</li> </ul>	Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn stuthan àdhartachaidh FMG a dhèanamh, agus làraich-lìn ’s fiosrachadh ann am meadhanan sòisealta a dh’ ùrachadh.</li> </ul>	Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn obair com-pàirteachais a leasachadh le buidhnean gus cleachdadh na Gàidhlig ann an goireasan air loidhne agus ioma-mheadhan a leasachadh.</li> </ul>	Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan	Rè teirm a’ Phlana
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil eòlas aig luchd-teagaisg air goireasan a tha rim faighinn, agus cùm oirnn a bhith ag obair ann am com-pàirteachas le sgoiltean gus goireasan ùra a leasachadh.</li> </ul>	Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan	Leantainneach

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an sgoiltean</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dealbh curraicealam na sgoile gus dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig mar phàirt cudromach ann am buileachadh molaidhean <i>Digital Education Strategy</i> Riaghaltas na h-Alba.</li> </ul>	Stiùiriche Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne	Rè teirm a' Phlana	
	<p><b>2.8 Sgoilearan a' Fàgail na Sgoile:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich, ann an co-bhonn ri ro-innleachd Riaghaltas na h-Alba, <i>Developing the Young Workforce</i>, ro-innleachd eaconomach a meudaicheas an àireamh de chothroman-obrach airson sgoilearan a' fàgail na sgoile agus preantasan.</li> </ul>	Ceannard e-Sgoil	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dealbh curraicealam na sgoile gus dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig mar phàirt cudromach ann am buileachadh ro-innleachd <i>Developing the Young Workforce</i>.</li> </ul>	Stiùiriche Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne	Rè teirm a' Phlana	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich an àireamh de theisteanasan dreuchdail far a dh' fheumar Gàidhlig a chleachdadh.</li> </ul>	Ceannard e-Sgoil	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich iomairtean eaconomach ceangailte ri cosnadh agus trèanadh às dèidh sgoil.</li> </ul>	Ceannard e-Sgoil	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Iarr air Nuadh Preantasan, daoine òga aois 16+ ann an treanadh fhad 's a tha iad ag obair airson na Comhairle, frithealadh chlasaichean Gàidhlig mar phàirt den cùmhnant-obrach.</li> </ul>	Ceannard Stòras Daonna	Leantainneach	

### 3. Gàidhlig agus Coimhearsnachdan

#### Suidheachadh Gnàthaichte

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh agus a' cur taic ri cho cudromach 's a tha cànan agus cultar na Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar. Tha seo ri fhaicinn ann an Ro-innleachd Ionnsachadh Coimhearsnachd agus Leasachadh na Comhairle, a tha a' cur air adhart ionnsachadh Gàidhlig sna h-Eileanan. Mar sin deth, tha clasaichean Gàidhlig coimhearsnachd, gan cur air dòigh le Sgioba na Gàidhlig agus seirbheis Foghlam Coimhearsnachd, rim faighinn tro na h-Eileanan. An-dràsta, tha clasaichean Ùlpan agus clasaichean luchd-ionnsachaidh Foghlam Coimhearsnachd gan cumail sna h-Eileanan, agus tha cruinneachaidhean farsaing de leabhraichean agus goireasan Gàidhlig ann an sia leabharlannan coimhearsnachd sna h-Eileanan. A bharrachd air seo, tha a' Chomhairle a' cur taic ri pròiseactan coimhearsnachd anns a bheil Gàidhlig ga cleachdadh no ga h-ionnsachadh, tro sheirbheisean Fosglan Gnothachais agus Fosglan Coimhearsnachd agus tro Mhaoin Phròiseactan Beaga Gàidhlig. Tha seirbheis Foghlam Coimhearsnachd cuideachd a' cur air dòigh cur-seachadan òigridh Gàidhlig air feadh nan Eilean, ann an co-bhonn le iomairtean coimhearsnachd, agus bidh luchd-obrach a' co-òrdanachadh sreath de thachartasan tro mheadhan na Gàidhlig do dh' òigridh. Bho 2015, tha Sgioba na Gàidhlig air a bhith a' ruith Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach, a bhios a' toirt cothrom gach samhradh dha oileanaich nan Eilean greis gnìomhachais a chur seachad le buidheann Gàidhlig airson deich seachdainean.

A thaobh sheirbheisean coimhearsnachd, tha barrachd air 500 luchd-obrach Sheirbheisean Coimhearsnachd agus Sòisealta a' conaltradh sa Ghàidhlig le daoine air feadh nan Eilean, ann an dachaighean-cùraim, aonadan-cùraim, ionadan-latha agus san t-seirbheis cùraim dachaigh. Thathar a' brosnachadh luchd-obrach gun sgilean Gàidhlig cùrsaichean Gàidhlig a dhèanamh. Tha Gàidhlig cuideachd ri fhaicinn air feadh nan Eilean air soidhnichean poblach dà-chànanach agus Gàidhlig a-mhàin, soidhnichean-rathaid agus soidhnichean sràide. A thaobh eaconamaidh nan Eilean, tha a' Chomhairle cuideachd a' cur taic ri fàs gnìomh eaconamach ann an coimhearsnachdan tro iomairtean Fosglan Gnothachais agus Fosglan Coimhearsnachd, a tha a' tabhann comhairle agus taic-airgid airson gnothachasan, nam measg, turasachd cultarach agus gnothachasan eile le fòcas làidir air Gàidhlig.

### **3. Gàidhlig agus Coimhearsnachdan**

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama
<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan</b>	<b>3.1 Leasachadh Gàidhlig Ioma-bhuidhnean:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Le buidhnean Gàidhlig eile, cùm oirnn a bhith an làthair aig coinneamhan gach ràith de Bhuidheann Comhairleachaidh na Gàidhlig gus deasbad a dhèanamh air ro-innleachdan leasachaidh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.</li> </ul>	Ceannard Seirbheis – Foghlam agus Seirbheisean Cloinne / Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
	<b>3.2 Ionnsachadh Gàidhlig Coimhearsnachd:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn ann an co-obrachadh le LCC clasaichean Ùlpan do luchd-ionnsachaidh air feadh nan Eilean a chur air dòigh.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh seirbheis Foghlam Coimhearsachd air a’ toirt seachad sreath de chlasaichean Gàidhlig luchd-tòiseachaidh, còmhraidh eile, agus clasaichean-feasgair, air feadh nan Eilean.</li> </ul>	Oifigear Foghlaim Coimhearsnachd	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn, ann an co-obrachadh le LCC, clasaichean <i>Gràmar na Gàidhlig</i> do dh’ fhileantaich ann am buidhnean Gàidhlig a chur air dòigh.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Co-obraich le LCC gus an cùrsa ùr, eadar-gnìomhach, air loidhne, aca, <i>Cùrsa Bogaidh Gàidhlig</i>, a chur air adhart.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	2019
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir taic ri seiseanan teaghlaich Gàidhlig, <i>Thig a Chluich</i>, airson clann aois ro-sgoile.</li> </ul>		Rè teirm a’ Phlana
	<b>Amas</b>	<b>Gnìomhachd</b>	<b>Oifigear(an) an Urra</b>
<b>Cuir air adhart</b>	<b>3.3 Pròiseactan Coimhearsnachd Gàidhlig:</b>		

<b>ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn buidseat a sholarachadh airson pròiseactan sa choimhearsnachd a bhios dhà-rìribh a' gabhail a-steach cleachdadh, ionnsachadh no brosnachadh na Gàidhlig.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
	<p><b>3.4 Leasachadh Eaconomach agus Turasachd:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn, tro sheirbheis Fosglan Gnothachais, a' toirt seachad taic calpa airson pròiseactan a' bhios a' cur air adhart ath-nuadhachadh agus leasachadh cultar na Gàidhlig.</li> </ul>	Manaidsear Leasachaidh – Taic Gnothachais & Ath-nuadhachaidh	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn, tro sheirbheis Fosglan Gnothachais, sreath de chomhairle agus taic ionmhasail a sholarachadh do ghnòthachasan a bhios a' cur cuideam air cleachdadh na Gàidhlig.</li> </ul>	Manaidsear Leasachaidh – Taic Gnothachais & Ath-nuadhachaidh	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir taic ri ro-innleachd gus cuideam a chur air buannachdan eaconomach an lùib cleachdadh na Gàidhlig ann an obair eaconomach.</li> </ul>	Manaidsear Leasachaidh – Taic Gnothachais & Ath-nuadhachaidh	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn, tro sheirbheis Fosglan Gnothachais, taic ionmhasail a sholarachadh airson pròiseactan turasachd a bhios a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig.</li> </ul>	Manaidsear Leasachaidh – Taic Gnothachais & Ath-nuadhachaidh	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir Gàidhlig agus dualchas na Gàidhlig air adhart mar neart eaconomach a thaobh turasachd cultarail.</li> </ul>	Manaidsear Leasachaidh – Taic Gnothachais & Ath-nuadhachaidh	Leantainneach
	<b>Amas</b>	<b>Gnìomhachd</b>	<b>Oifigear(an) an Urra</b>
<b>Cuir air adhart</b>	<b>3.5 Sgeama Greis Gnìomhachais nan</b>		

<b>ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan</b>	<p><b><u>Oileanach:</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Stiùir Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach airson nan Eilean, a bhios a’ toirt cothrom dha oileanaich nan Eilean greis gnìomhachais a chur seachad le buidhnean Gàidhlig airson deich seachdainean gach samhradh.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<p><b><u>3.6 Spòrs tro Mheadhan na Gàidhlig:</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn taic a chur ri tachartasan spòrs sa choimhearsnachd tro mheadhna na Gàidhlig, mar fharpais ball-coise CnaG, <i>Cuach na Cloinne</i>, airson bun-sgoiltean.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<p><b><u>3.7 Dachaighean-cùraim agus Ionadan-latha:</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir an àireamh as motha de luchd-obrach le sgìlean Gàidhlig ann an dreuchd gus cùram a ghabhail den àireamh mhòr den luchd-cleachdaidh air a bheil seargadh-inntinn, mar phàirt de slànachadh-cuimhneachaidh.</li> </ul>	Stiùiriche Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd	Rè teirm a’ Phlana	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich barrachd luchd-obrach gun sgìlean Gàidhlig gu bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.</li> </ul>	Stiùiriche Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean-cùraim agus ionadan-latha, m.e. tro bhith a’ cur an àirde soidhnichean dà-chànanach, agus a’ leasachadh thachartasan far a chleachdar na Gàidhlig.</li> </ul>	Stiùiriche Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd / Sgioba na Gàidhlig	2019	
<b>Amas</b>	<b>Gnìomhachd</b>	<b>Oifigear(an) an Urra</b>		<b>Raon-ama</b>
<b>Cuir air adhart</b>	<b><u>3.8 Cùram san Dachaigh agus Taic</u></b>			

<b>ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan</b>	<p><b>Taigheadais:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn ag aithneachadh gu bheil cuid de luchd-cleachdaidh ag iarraidh gum bi luchd-cùraim bruidhinn riutha ann an Gàidhlig, agus dèan cinnteach gun cuir sinn sin air dòigh.</li> </ul>	Stiùiriche Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn dèanamh cinnteach gu bheil an àireamh as motha de luchd-obrach an t-seirbheis-cùraim Fàire le sgilean Gàidhlig.</li> </ul>	Manaidsear Sheirbheisean Luchd-cleachdaidh	Leantainneach
	<p><b>3.9 Leabharlannan:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn dèanamh cinnteach gu bheil taghadh de leabhraichean agus leabhraichean-e Gàidhlig nua-aimsireil airson inbhich agus clann ann an leabharlannan poblach nan Eilean, agus gu bheil soidhnichean annta dà-chànanach.</li> </ul>	Manaidsear Seirbheis Leabharlainn	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn taic a chur ri seiseanan Gàidhlig <i>Bookbug</i> ann an leabharlannan airson clann òg agus am pàrantan, agus gun toir sinn dhaibh bagaichean le leabhraichean agus geamannan Gàidhlig nam broinn saor 's an asgaidh.</li> </ul>	Manaidsear Seirbheis Leabharlainn	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir taic ri, agus cuir air dòigh, tachartasan agus fèisean litreachas na Gàidhlig, nuair as urrainnear.</li> </ul>	Manaidsear Seirbheis Leabharlainn	Rè teirm a' Phlana
<b>Amas</b>	<b>Gnìomhachd</b>	<b>Oifigear(an) an Urra</b>	<b>Raon-ama</b>
<b>Cuir air adhart</b>	<b>3.10 Soidhnichean Poblach Dà-chànanach:</b>		



<b>ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn dèanamh cinnteach gun nochd soidhnichean-àite sna h-Eileanan ann an Gàidhlig a-mhàin. (Thèid an cur ann an cruth dà-chànanach nuair a tha na h-ainmean sa Ghàidhlig agus sa Bheura gu tùr eadar-dhealaichte m.e. “An t-Òb” agus “Leverburgh”.)</li> </ul>	Ceannard So-mhaoin agus Bun-structair / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn dèanamh cinnteach gu bheil ainmean-àite air soidhnichean-rathaid stiùiridh ann an cruth dà-chànanach.</li> </ul>	Ceannard So-mhaoin agus Bun-structair / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn dèanamh cinnteach gu bheil soidhnichean-sràid anns na bailtean as motha sna h-Eileanan ann an cruth dà-chànanach.</li> </ul>	Ceannard So-mhaoin agus Bun-structair / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn dèanamh cinnteach gu bheil soidhnichean poblach fo dleastanas na Comhairle ann an cruth dà-chànanach, m.e. calaidhean, parcaichean-càr, ionadan-spòrs, a.m.s.a.a.</li> </ul>	Ceannard So-mhaoin agus Bun-structair / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<p><b>3.11 e-Sgìre:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich an duilleag Ghàidhlig mòr-ionad coimhearsnachd air loidhne, “e-Sgìre”, gus barrachd susbaint ann an Gàidhlig a chur ann mu dheidhinn naidheachdan, tachartasan agus cothroman-maoineachaidh Gàidhlig. (<a href="http://cnes.geckowindow.com">http://cnes.geckowindow.com</a>)</li> </ul>	Manaidsear Poileasaidh Corporra / Sgioba na Gàidhlig	2019	
	<p><b>3.12 Com-pàirteachas Còir-sgrìobhte Coimhearsnachd:</b></p> <p>Ann an com-pàirteachas le buidhnean coimhearsnachd eile, agus mar phàirt de</p>	Stiùiriche Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne /	Rè teirm a’ Phlana	

	<p>thairgse do na h-Eileanan air fad, bidh a' Chomhairle a' lìbhrigeadh sreath de chùrsaichean foghlaim, sgilean agus trèanaidh, agus ro-innleachdan eaconamach ùr-ghnàthach, a bhios a' gabhail a-steach ionnsachadh, cleachdadh no àrdachadh na Gàidhlig.</p>	Ceannard e-Sgoil	
--	---	------------------	--

## 4. Gàidhlig san Àite-obrach

## Suidheachadh Gnàthaichte

Mar àite-obrach, tha fèin-aithne làidir Gàidhlig aig a' Chomhairle, air a neartachadh le Plana Gàidhlig agus Poileasaidh Gàidhlig, a bhios a' dèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh na Gàidhlig air a fighe a-steach do dh' obrach gu làitheil na Comhairle. Mar sin, tha cuid de dreuchdan air an sònrachadh mar "Gàidhlig Riatanach" no "Gàidhlig Feumail", agus tha tòrr luchd-obrach air feadh na Comhairle, thairis air gach Roinn, aig a bheil deagh sgilean Gàidhlig a bhios iad a' cleachdadh gach latha (faic Fo-sgrìobhadh1). Tha seo a' gabhail a-steach tòrr luchd-obrach air am fastadh ann an seirbheisean cùram-coimhearsnachd a bhios a' cleachdadh Gàidhlig nan obair làitheil. Bidh am Poileasaidh is am Plana cuideachd a' dèanamh cinnteach gun urrainnear seirbheisean deamocratach na Comhairle fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo a' ciallachadh gun urrainn dhan a h-uile duine a tha an làthair aig comataidhean na Comhairle Gàidhlig a bhruidhinn cho math ri Beurla, le mìneachadh mar-aon air a sholarachadh le Sgioba na Gàidhlig. Mar sin, tha na clàran-obrach, geàrr-chunntasan agus brathan-fiosrachaidh gu lèir gan ullachadh san dà chànan. Tha Sgioba na Gàidhlig a' toirt àrd ìre de dh' eadar-theangachadh do na comataidhean sin, agus tha iarrtasan bho air feadh na Comhairle airson eadar-theangachadh cuideachd a' dol thuca.

Bidh tòrr luchd-obrach a' frithealadh sreath de chlasaichean Gàidhlig, an darna chuid airson luchd-ionnsachaidh no dhan fheadhainn a tha airson piseach a thoirt air an sgilean labhairt no air sgilean sgrìobhaidh, agus thathar a' sgoileadh fiosrachadh mu na clasaichean seo fad is farsaing sa Chomhairle. Mar eisimpleir, faodar clasaichean Ùlpan a dhèanamh, saor 's an asgaidh, airson luchd-tòiseachaidh 's an fheadhainn a tha airson an sgilean labhairt a thoirt air adhart, agus tha clasaichean *Gràmar na Gàidhlig* rim faighinn, cuideachd saor 's an asgaidh, airson fileantaich a tha airson an sgilean sgrìobhaidh a neartachadh. A thuilleadh air sin, thathar a' ruith chlasaichean *Gaelic with Confidence* don fheadhainn a tha dìreach airson facial, abairtean no beannachdan Gàidhlig ionnsachadh, a chleachdas iad san àite-obrach. Bidh na cothroman-ionnsachaidh seo a' toirt air an luchd-obrach Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltraidhean san àite-obrach. Thathar a' misneachadh conaltradh Gàidhlig am measg luchd-obrach air a fòn no tro phuist-d, tro bhith a' cleachdadh "G" ri taobh ainm luchd-obrach le Gàidhlig agus a tha dèonach na sgilean a chur an sàs. A bharrachd air sin, tha iris-fiosrachaidh luchd-obrach *e-Ceangal* ga h-ullachadh le susbaint Gàidhlig na broinn.

## 4. Gàidhlig san Àite-obrach

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach</b>	<b>4.1 Comataidh Buileachaidh Plana Cànain:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh a’ Chomataidh seo, a bhios a’ stiùireadh adhartas a’ Phlana, ann rè teirm a’ Phlana.</li> </ul>	Àrd-oifigear	Rè teirm a’ Phlana	
	<b>4.2 Gàidhlig agus Comataidhean:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn le bhith a’ toirt seachad mìneachadh mar-aon bho Ghàidhlig gu Beurla airson gach Comataidh.</li> </ul>	Àrd-oifigear / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn le bhith a’ sgrìobadh clàran-gnothaich, brathan-fiosrachaidh agus geàrr-chunntasan ann an cruth dà-chànanach.</li> </ul>	Àrd-oifigear / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Toirt air barrachd Buill gun sgilean Gàidhlig sgilean ionnsachadh gus brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an coinneamhan.</li> </ul>	Àrd-oifigear	2019	
	<b>4.3 Eadar-theangachadh Gàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh Sgioba na Gàidhlig air le bhith toirt seachad eadar-theangachaidhean gu Gàidhlig do Roinnean airson litreachan, bileagan, foirmichean, sanasan, susbaint làrach-lìn, agus airson ceistean eadar-theangachaidh.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<b>4.4 Clasaichean Gàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn a bhith ag obair le buidhnean eile gus sreath de chothroman-ionnsachaidh Gàidhlig a thabhann don luchd-obrach agus do Bhuill, a’ gabhail a-steach clasaichean Ùlpan agus Gràmar na Gàidhlig.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Rè teirm a’ Phlana	

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama
<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail air cothroman-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an coinneamhan Measadh Adhartais Luchd-obrach (SDA), agus mar phàirt den phròiseas-clàrachaidh.</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean	2019
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid Ceannardan Fo-roinne a mhisneachadh gu luchd-obrach a shaoradh, far a bheil seo comasach, gus cothroman-ionnsachaidh Gàidhlig a thogail tro Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach (CPD).</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean	2019
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid stòr-data ùr a chur ri chèile de dh' ainmean luchd-obrach a tha airson an sgilean Gàidhlig a neartachadh. Bidh seo a' toirt cothrom dhuinn fiosrachadh mu chlasaichean Gàidhlig a chur thuca gu luath.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	2019
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Gheibh luchd-obrach agus Buill a tha a' dèanamh chùrsaichean cothroman cunbhalach fios air ais a thoirt seachad air cùrsaichean tro bhith a' lionadh a-steach ceisteachain.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	2019
	<p><b>4.5 Eadra-lìon:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil dealbhadh an eadra-lìn a' gabhail a-steach susbaint Gàidhlig far a ghabhas sin a dhèanamh.</li> </ul>	Ceannard T.F. / Sgioba na Gàidhlig	2019
Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama

<b>Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach</b>	<p><b>4.6 Tuigse air Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Gheibh gach neach as ùr air am fastadh leis a’ Chomhairle pasgan fiosrachaidh Gàidhlig, a’ mìneachadh chothroman ionnsachaidh Gàidhlig, buannachdan FMG do chloinn, agus cho cudromach ‘s a tha Gàidhlig ann an dàimh ri fèin-aithne na Comhairle.</li> </ul>	Àrd-oifigear / Ceannard Storas Daonna / Sgioba na Gàidhlig	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Gheibh luchd-obrach fiosrachadh cunbhalach tro phuist-d, air mòr-ionad e-Sgìre, agus air duilleagan Facebook agus Twitter na Comhairle, air tachartasan Gàidhlig agus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig / Oifigear Conaltraidh Gàidhlig		Rè teirm a’ Phlana
	<p><b>4.7 Gàidhlig ann an Conaltradh am measg Luchd-obrach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich cleachdadh de shònrachadh “G” ri taobh ainmean luchd-obrach air clàr-ainmean fòn na Comhairle aig a bheil sgilean Gàidhlig agus a tha deònach an cleachdadh.</li> </ul>	Àrd-oifigear / Ceannard Storas Daonna	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich Ceannardan Fo-Roinnean agus Sreath-stiùirichean luchd-obrach le sgilean Gàidhlig gu bhith gan cleachdadh nan obair làitheil, nuair as urrainnear.</li> </ul>	Àrd-oifigear / Ceannard Storas Daonna	2019	
	<p><b>4.8 Taic air Loidhne do Ghàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich duilleag le taic Gàidhlig dhan luchd-obrach, a’ gabhail a-steach faidhleachan-fuaim le abairtean agus briathrachas Gàidhlig a chleachdar san àite-obrach, agus cuir seo air Duilleagan Luchd-obrach air an eadra-lìon.</li> </ul>	Ceannard T.F. / Sgioba na Gàidhlig	2019	
	<b>4.9 Nuadh-Phreantasan:</b>			

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn ag iarraidh air Nuadh-Phreantasan, daoine òga aois 16+ a tha a' cosnadh fhad 's a tha iad fo thrèanadh sa Chomhairle, frithealadh chlasaichean ionnsachadh na Gàidhlig.</li> </ul>	Ceannard Storas Daonna	Leantainneach
	<p><b>4.10 e-Ceangal:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Deasaich duilleag Ghàidhlig airson gach eagan de dh' e-iris ràitheil luchd-obrach na Comhairle, "e-Ceangal".</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig / Oifigear Conaltraidh Gàidhlig	Leantainneach

## 5. Gàidhlig sna h-Ealain agus ann an Dualchas

## Suidheachadh Gnàthaichte

Tha a' Chomhairle a' brosnachadh agus a' cumail taic ri na h-ealain Gàidhlig mìnichichte ann an *Ro-innleachd Chultarail Innse Gall*, a' gabhail a-steach a bhith a' togail inbhe na Gàidhlig mar phrìomh chuspair. Tha Buidseat Leasachaidh na h-Ealain a' cumail maoin ri buidhnean a tha a' brosnachadh nan ealain Gàidhlig, a leithid An Lanntair, Taigh Chearsabhaigh agus Ceòlas, a tha uile an sàs ann a bhith a' cur air adhart agus a' leasachadh sreath de phròiseactan agus tachartasan ealain traidiseanta agus co-aimsireil. Tha Sgeama Tabhartasan Leasachaidh na h-Ealain cuideachd air a mhaoineachadh bhon bhuidseat seo, a' toirt taic do chompanaidhean ealain phroifeasanta ag obair tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Sgioba na Gàidhlig cuideachd a' cumail taic ri raon farsaing de phròiseactan ealain tro mheadhan na Gàidhlig, leithid Fèisean nan Gàidheal, Cabraich agus Acair, mar eisimpleir. Bidh a' Chomhairle cuideachd a' cur taic ri tachartasan mòra Gàidhlig, mar Mhòdan ionadail sna h-Eileanan, *Fèis Cheilteach Innse Gall*, (far an urrainnear blasad de Ghàidhlig fhaighinn ann an clasaichean mar phàirt den phrògram air an oir), an fhèis litreachais Gàidhlig *Faclan*, Ceòlas Uibhist, agus *Film G*. A bharrachd air sin, tha a' Chomhairle ann an co-bhonn ri Studio Alba agus Alba Chruthachail, a' toirt ghoireasan agus eòlas mar phàirt de sheirbheis an asgaidh ann a bhith a' dèanamh fhilmichean co-cheangailte ri Gàidhlig anns na h-Eileanan. Cuideachd, tha riochdairean bhon Chomhairle a' frithealadh Bòrd Stiùiridh Studio Alba.

Tha a' Chomhairle daingean ann a bhith a' gleidheadh dualchas cultarail nan Eilean, agus tha i a' cumail taic ri obair nan Comann Eachdraidh ionadail air feadh nan Eilean. Thathar cuideachd a' cumail taic ri cruth digiteach a bhith air stuth tasglann Ghàidhlig, leithid Tobar ab Dualchais agus Hebridean Connections agus tha làmh mhòr aig a' Chomhairle ann a bhith a' steidheachadh pròiseact trì-bliadhna, Tasglann, seirbheis tasglann phroifeasanta dha na h-Eileanan, a tha cuideachd a' cumail taic agus comhairle ri na Comainn Eachdraidh. Tha a' Chomhairle cuideachd air taigh-tasgaidh ùr a thogail, a tha daingean ann a bhith a' toirt seachad mìneachadh dà-chànanach airson gach taisbeanadh, agus a' toirt piseach air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach.

## 5. Gàidhlig sna h-Ealain agus ann an Dualchas



Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Cuir air adhart agus meudaich tachartasan ealain agus dualchais tro mheadhan na Gàidhlig sna h-Eileanan</b>	<b>5.1 Tachartasan Ealain Gàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>A rèir <i>Ro-innleachd Chultarail Innse Gall</i>, cumaidh sinn oirnn taic-airgid a thoirt dha sreath de phròiseactan ealain a bhios a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig.</li> </ul>	Oifigear Leasachadh nan Ealan / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn a bhith a' maoinachadh phròiseactan a tha a' brosnachadh daoine òga gu bhith gabhail pàirt ann an obair ealain Gàidhlig, mar fharpais <i>Film G</i>, agus ag obair le sgoiltean mar phàirt de ro-innleachd gus ùidh sna h-ealain Gàidhlig a thogail.</li> </ul>	Oifigear Leasachadh nan Ealan / Àrd-oifigear Foghlaim / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn goireasan air loidhne a leasachadh gus tachartasan ealain tro Ghàidhlig a chur air adhart am measg sgoilearan agus daoine òga.</li> </ul>	Manaidsear Aonad Ioma-mheadhan	Rè teirm a' Phlana	
	<b>5.2 Ealain agus Leasachadh Eaconomach:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn a bhith a' leasachadh <i>Ro-innleachd Ghnìomhachasan Cruthachail agus Cultarail Innse Gall</i>, a bhios a' cur taic ri leasachadh sgilean, fàs air gnìomhachas agus ùr-ghnàthachadh anns na gnìomhachasan cruthachail agus cultarail sna h-Eileanan.</li> </ul>	Manaidsear Leasachaidh – Taic Roinneil & Pròiseict	Leantainneach	
	<b>5.3 Obair Chultarail Dualchasach:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn taic a chur ri tachartasan a bhios a' cur air adhart obair dhualchasach Gàidhlig, mar Mhòdan ionadail, Ceòlas, fèisean air feadh nan Eilean, agus <i>Fèis Cheilteach Innse Gall</i>.</li> </ul>	Oifigear Leasachadh nan Ealan / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach	
Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
<b>Cuir air adhart agus</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi an àireamh as àrda de dhaoine òga a' gabhail pàirt sna h-Ealain</li> </ul>	Oifigear Leasachadh nan Ealan	2019	

<b>meudaich tachartasan ealain agus dualchais tro mheadhan na Gàidhlig sna h-Eileanan</b>	Gàidhlig, a’ gabhail a-steach ceòl traidiseanta, litreachas, agus bàrdachd. [Faic 2.5]		
	<p><b>5.4 Taigh-tasgaidh:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn a bhith a’ leasachadh taigh-tasgaidh ùr na Comhairle, gus sgeama mìneachaidh dà-chànanach gu lèir, làrach-lìn le prìomhachas don Ghàidhlig, agus ro-innleachd gus sgilean-cànain an luchd-obrach a neartachadh, a chur air dòigh.</li> </ul>	Manaidsear Dualchais / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
	<p><b>5.5 Seirbheis Tasglann Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn a bhith a’ leasachadh pròiseact Tasglann, gus cothrom a thoirt dhan mhòr-shluagh air clàran agus stuth tasglainn na Comhairle.</li> </ul>	Manaidsear Dualchais	Leantainneach
	<p><b>5.6 Comainn Eachdraidh:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn le bhith a’ cumail comhairle agus taic ris na Comainn Eachdraidh tro na seirbheisean a thathar a’ toirt seachad le Tasglann, agus lean oirnn le bhith a’ cur taic ri pròiseactan Chomainn Eachdraidh a bhios a’ cleachdadh no a’ cur air adhart Gàidhlig.</li> </ul>	Manaidsear Dualchais / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach

## 6. Dealbhadh Corpais don Ghàidhlig

## Suidheachadh Gnàthaichte

Tha Sgioba na Gàidhlig mar aon de na prìomh bhuidhnean a bhios a' cruthachadh briathrachas ùr Gàidhlig. Gu làitheil, ann a bhith ag ullachadh chlàran-obrach, aithisgean, bileagan fiosrachaidh, agus geàrr-chunntasan airson grunn chomataidhean a bhios a' dèiligeadh ri sreath mòr de chuspairean, bidh aig an sgioba gu math tric ri briathrachas ùr a chruthachadh. Gu dearbh, bha a' Chomhairle na prìomh chompartiche ann am: *Faclair na Pàrlamaid* (2001); *Faclair Rianachd Phoblaich* (2010); agus *Co-fhaclair Gàidhlig* (2011), uile a chaidh an cruthachadh fo lomairt Chànanan Eòrpach. Aig gach àm thathar a' gèilleadh ri Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC). A thuilleadh air sin, tha buill den sgioba air cùrsaichean gràmair adhartach agus GOC a dh' fhrithleadh, a' daingneachadh sgilean gràmair, cànanain agus eadar-theangachaidh.

## 6. Dealbhadh Corpais don Ghàidhlig

Amas	Gnìomhachd	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama
<p><b>Cùm oirnn a bhith a’ cur ri dealbhadh corpais na Gàidhlig</b></p>	<p><b>6.1 Dealbhadh Briathrachas Ùr Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn le taic, maoinachadh agus compàirteachadh ri pròiseactan fhaclairean, cho-fhaclairean agus nuadh-fhaclan a tha a’ leasachadh briathrachas na Gàidhlig.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cùm oirnn le bhith a’ dealbhadh briathrachas ùr mar phàirt de dh’obair làitheil Sgioba na Gàidhlig.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cùm oirnn le bhith a’ sgaoileadh fiosrachadh mu bhriathrachas ùr Gàidhlig gu buidhnean poblach eile a tha an sàs ann an obair eadar-theangachaidh, gus an cleachdadh as fheàrr a stèidheachadh.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
	<p><b>6.2 Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cùm oirnn dèanamh cinnteach gum bi cunbhalachd ann an obair eadar-theangachaidh a thaobh litreachadh, facail agus gràmair, fo GOC.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach

## Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh

Chaidh taic a chur dhan Phlana seo le Buill na Comhairle, às dèidh sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air aig Comataidh Poileasaidh agus Stòras, agus Comataidh Buileachaidh Plana Cànan, comataidh Gàidhlig na Comhairle. Mar sin, tha làn thaic agus riarachadh aig a' Chomhairle don Phlana seo, agus tha ùghdarras na Comhairle aige. A bharrachd air sin, chaidh am Plana, mar dreachd, tro phròiseas co-chomhairleachaidh poblach farsaing eadar 9 Dàmhair 2017 agus 20 Samhain 2017, agus chaidh beachdachadh air na freagairtean agus beachdan gu lèir a thàinig a-mach à sin, bho choimhearsnachdan nan Eilean Siar agus bho bhuidhnean Gàidhlig ionadail agus nàiseanta, mus deach am Plana mu dheireadh a chur ri chèile. Chaidh aontachadh le dreachd mu dheireadh a' Phlana air 5/6/19.

### A' Cur a' Phlana Gàidhlig Ùr air Bhog

Thèid am Plana ùr a chur air bhog gu poblach tro bhrath-naidheachd gu buidhnean conaltraidh ionadail agus nàiseanta. Bidh e ri fhaicinn anns a' bhad ann an cruth dà-chànanach tro cheangal follaiseach air duilleag-dachaigh làrach-lìn na Comhairle, agus thèid iomradh air anns an earrann *What's New* air duilleag-dachaigh an làrach-lìn. Nochdaidh e cuideachd air mòr-ionad air loidhne na coimhearsnachd, *e-Sgìre*, agus thèid bruidhinn mu a dheidhinn air duilleagan Twitter agus Facebook na Comhairle, le ceanglaichean don Phlana.

Thèid innse dhan luchd-obrach gu foirmeil, tro chonaltraidhean air feadh na Comhairle bho Sgioba na Gàidhlig ann an co-bhonn ris an Sgioba Conaltraidh, nuair a thèid am Plana ùr a chur air bhog, agus cho cudromach 's a bhios e gun tèid gabhail ris gu laghail, fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Nochdaidh am Plana gu follaiseach ann an cruth dà-chànanach air eadra-lìon na Comhairle cuideachd, agus thèid iomradh air amasan agus targaidean a' Phlana anns an ath-eagran de dh' e-iris ràitheil an luchd-obrach, *e-Ceangal*.

## Buileachadh

Coinnichidh Sgioba a' Phlana Gàidhlig, air a dhèanamh an àirde leis an Àrd-oifigear, Ceannard Stòras Daonna, agus Sgioba na Gàidhlig, gach trì mìosan gus beachdachadh air buileachadh agus adhartas a' Phlana. Nì an Sgioba seo cinnteach gum bi tuigse aig an luchd-obrach air cho cudromach 's a tha am Plana, agus gum feumar a bhuileachadh sa Chomhairle agus sna coimhearsnachdan gu làitheil.

Cuiridh a' Chomhairle air dòigh seiseanan mothachadh air Gàidhlig don luchd-obrach, gus: mothachadh a mheudachadh air cho cudromach 's a tha Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig dha dearbh-aithne na Comhairle; cuideam a chur air cho cudromach 's a tha buileachadh a' Phlana; mìneachadh dhan luchd-obrach ciamar a bhios buileachadh amasan a' Phlana a' toirt buaidh air an dleastanasan gu làitheil. San aon dòigh, ann an coinneamhan SDA gach bliadhna, agus ann a bhith a' deasachadh phasgain fiosrachaidh dha luchd-obrach ùr mar phàirt den phròiseis-clàrachaidh, thèid innse dhan luchd-obrach cho cudromach 's a tha buileachadh a' Phlana Cànan. [Faic 4.6].

## Sgrùdadh air Adhartas

Thèid sgrùdadh a dhèanamh air a' Phlana seo tro bhith a' deasachadh aithisgean gu cunbhalach do Chomataidh Buileachaidh Plana Cànain, agus do Chomataidh Poileasaidh agus Stòras, a leigeas fios do Bhuill mu adhartas a' Phlana. Gheibh Buill cothroman cuideachd am beachdan a thoirt seachad air adhartas a' Phlana, agus cothrom dèiligeadh ri duilgheadasan sam bith a thaobh buileachadh a' Phlana. Thèid na h-aithisgean mionaideach seo a chur ri chèile le Sgioba na Gàidhlig, a bhios a' coinneachadh gu cunbhalach le Ceannardan Roinnean sa Chomhairle, gus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas a' Phlana, agus gu dèiligeadh ri duilgheadasan sam bith a nochdas. Thèid iarraidh air gach Roinn aithisg bhliadhna a chur a-steach, a' cleachdadh teampaid coitcheann, a' sealltainn an adhartais a tha gach Roinn air a dhèanamh a thaobh a bhith a' buileachadh nan amasan ris a bheil iad an urra.

A bharrachd air sin, thèid aithisg buileachaidh gach bliadhna air a' Phlana Cànain a dheasachadh agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig le Sgioba na Gàidhlig. Bidh an aithisg seo, a bhios cuideachd a' dol air beulaibh Comataidh Buileachaidh Plana Cànain, a' toirt cothrom do Bhòrd na Gàidhlig sgrùdadh a dhèanamh air adhartas a' Phlana, agus a bheachdan air a thoirt air ais dhan Chomhairle.

## Seòladh Ùghdarras

Oifigear le ùghdarras iomlan airson a' Phlana-Cànain:

**Calum Burr,**  
Àrd-oifigear,  
Comhairle nan Eilean Siar,  
Rathad Shanndabhaig,  
Steòrnabhagh,  
HS1 2BW.

Fòn: 01851 822 601

Post-d: [mburr@cne-siar.gov.uk](mailto:mburr@cne-siar.gov.uk)

Oifigear le ùghdarras ro-innleachdail airson libhrigeadh deasachadh, buileachadh agus sgrùdadh a' Phlana-Cànain:

**Dolina NicLeòid,**  
Oifigear Leasachaidh Poileasaidh,  
Sgioba na Gàidhlig,  
Comhairle nan Eilean Siar,  
Rathad Shanndabhaig,  
Steòrnabhagh,  
HS1 2BW.

**Fòn: 01851 822 615**

**Post-d: [dnicleoid@cne-siar.gov.uk](mailto:dnicleoid@cne-siar.gov.uk)**

Oifigear a bhios a' dèiligeadh ri buileachadh a' Phlana-Cànain gu làitheil:

**Dòmhnall Weir,  
Oifigear Taic Gàidhlig,  
Sgioba na Gàidhlig,  
Comhairle nan Eilean Siar,  
Rathad Shanndabhaig,  
Steòrnabhagh,  
HS1 2BW.**

**Fòn: 01851 822 615**

**Post-d: [donald.weir@cne-siar.gov.uk](mailto:donald.weir@cne-siar.gov.uk)**




## Fo-sgrìobhadh A

### Cleachdadh na Gàidhlig ann an Comhairle nan Eilean Siar

Chaidh sgrùdadh gun urra air loidhne a chur air dòigh tro Google Forms anns an Ògmhios-luchar 2017 le oileanach air greis-gnìomhachais Gàidhlig sa Chomhairle, gus faighinn a-mach dè an ìre aig an robh sgilean agus cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-obrach agus Buill na Comhairle. Chaidh an sgrùdadh seo, a thug cothrom cuideachd dhan luchd-freagairt beachdan a thoirt seachad air cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach, a chleachdadh cuideachd gus faighinn a-mach dè an ìre aig a bheil ùidh am measg an luchd-obrach agus Buill ann an ionnsachadh na Gàidhlig, no ann an leasachadh sgilean Gàidhlig.

Ghabh 442 luchd-obrach agus Buill bho air feadh na Comhairle pàirt anns an sgrùdadh seo, agus tha seo a' ciallachadh gu bheil meudachadh de 42% air a bhith ann san àireamh de dhaoine a ghabh pàirt anns an aon sheòrsa sgrùdaidh ann an 2012<sup>1</sup>. Bha freagairtean nam prìomh cheistean, le ìrean sa cheud mu choinneamh gach freagairt, mar a leanas:

#### Ceist 1: Dè cho fileanta 's a tha thu sa Ghàidhlig?




Taghadh de Bheachdan fo “Eile”:

- “I understand a small amount.”
- “I’m not a Gaelic speaker.”
- “I have completed a basic Gaelic course.”
- “I have no experience of the language.”

<sup>1</sup> Ghabh 311 luchd-obrach pàirt anns an sgrùdadh ann an 2012.


**Ceist 2: A bheil thu comasach air Gàidhlig a leughadh 's a sgrìobhadh?**



**Taghadh de Bheachdan fo "Eile":**

- "Yes at reading, not so much at writing!"
- "I can speak it but cannot read it very well."
- "Cannot read or write in Gaelic."
- "I would say that I am very competent at reading Gaelic but have less confidence in my Gaelic written skills. If I had the time, this is something I would like to improve on."


**Ceist 3: Am bi thu a' bruidhinn, a' leughadh, no ag èisteachd ri Gàidhlig taobh a-muigh an àite-obrach?**



Taghadh de Bheachdan fo “Eile”:

- “I listen to my husband, his family and friends speaking Gaelic.”
- “Sometimes if a programme interests me on BBC Alba, but I need the subtitles.”
- “All day, every day, at home too.”


#### Ceist 4: Dè cho math 's a tha thu a' tuigse Gàidhlig?



Taghadh de Bheachdan fo “Eile”:

- “Small amounts only.”
- “Local Gaelic not so much. Skye Gaelic.”
- “Bits – greetings/weather, for use in class.”


#### Ceist 5: A bheil thu air feuchainn ri Gàidhlig a dh' ionnsachadh a-riamh?



Taghadh de Bheachdan fo “Eile”:

- “First language.”
- “Fluent speaker already.”
- “For school exams only, fluent speaker.”
- “I have just taken up post with the Comhairle. I will be starting Gaelic lessons shortly.”
- “I have tried to improve it.”
- “I was brought up with it and went through GME.”


### Ceisir 6: A bheil teisteanasan Gàidhlig agad?



Taghadh de Bheachdan fo “Eile”:

- “First language.”
- “One year night class at Lews Castle College.”


### Ceist 7: Dè cho tric 's a bhios tu a' bruidhinn Gàidhlig?



Taghadh de Bheachdan fo "Eile":

- "I speak it where I can."
- "Only as part of choral singing."
- "Occasionally to answer the phone."


### Ceist 8: A bheil thu ag iarraidh barrachd chothroman Gàidhlig a bhruidhinn sa àite-obrach?



Taghadh de Bheachdan fo “Eile”:

- “If I had the skills, I am sure I would.”
- “Would like to go to classes.”
- “I am fortunate that I have plenty opportunities to speak Gaelic but more would always be welcome.”
- “More encouragement and tolerance of hesitance.”


### Ceist 9: Am bi thu a’ cleachdadh sgilean Gàidhlig nad obair?



Taghadh de Bheachdan fo “Eile:”

- “I try wherever I’m able.”
- “I’m a non-Gaelic speaker.”
- “A little for work, if people I work with or members of public are comfortable in holding meetings or conversations in Gaelic.”

### Ceist 10: Nam biodh app didseatach no cùrsa air loidhne ann airson Gàidhlig a dh' ionnsachadh, an cleachdadh tu e?



Taghadh de Bheachdan fo “Eile”:

- “I currently use the Gaelic4Parents and e-Stòras websites.”
- “Only to improve grammar and spelling.”
- “Not enough time – already doing several hours overtime.”
- “Possibly ... if it was also fun.”
- “Though I am a native Gaelic speaker I would like to upskill my reading and writing in Gaelic, so something that would help me improve in that area would be good.”
- “Yes, but I would also like to access Gaelic classes or immersion opportunities to improve my limited Gaelic.”

### Geàrr-chunntas agus Co-dhùnaidhean

- Ghabh àireamh tòrr nas àirde den luchd-obrach agus de Bhuill (42%) pàirt anns an sgrùdadh seo an taca ris an sgrùdadh ann an 2012. Tha seo a’ ciallachadh gu bheil dealbh nas fheàrr againn de chleachdadh, agus beachdan mu dheidhinn, Gàidhlig ann an Comhairle nan Eilean Siar;
- Tha ìre nas àirde de dh’ fhileantas na Gàidhlig am measg an luchd-obrach agus nam Buill, le 42.2% den fheadhainn a ghabh pàirt san sgrùdadh ag ràdh gun robh iad

“fileanta gu lèir”. ’S e àireamh glè mhath a tha seo an taca ris an àireamh ann an 2012, 32.4%;

- Tha litearrachd Gàidhlig am measg an luchd-obrach agus nam Buill aig an aon ìre ann an 2017 ’s a bha e ann an 2012, le figearan de 27.2% agus 27.6%, fa leth;
- Cha deach a’ cheist “Am bi thu a’ bruidhinn, a’ leughadh, no ag èisteachd ri Gàidhlig taobh a-muigh an àite-obrach?” fhaighneachd ann an 2012. Ann an 2017, thuirt 42.3% gum bi iad a’ bruidhinn, a’ leughadh agus ag èisteachd ri Gàidhlig taobh a-muigh an àite-obrach “Gu Tric”. Leis an 27.4% a thuirt gum biodh iad a’ dèanamh seo “Beagan”, tha seo a’ ciallachadh gum bi 69.7% gu lèir den luchd-obrach agus de Bhuill a’ cleachdadh Gàidhlig gu ìre air choreigin taobh a-muigh an àite-obrach. Tha am figear seo nas àirde na an 61.2% sna h-Eileanan a thuirt sa Chunntas-sluaigh 2011 gun robh comas Gàidhlig air choreigin aca;
- ’S e figear glè mhath a th’ anns an 51.4% de dhaoine a thuirt gu bheil iad a’ tuigse Gàidhlig an taca ris an àireamh airson 2012 – 42.1%;
- Tha 57% gu lèir den luchd-obrach agus de Bhuill air fheuchainn ri Gàidhlig a dh’ ionnsachadh aig àm air choreigin. ’S e seo cha mhòr an aon àireamh ’s a bh’ ann an 2012 (57.3%);
- Tha an àireamh den luchd-obrach agus de Bhuill, 46.6%, a bhruidhnneas Gàidhlig “a h-uile latha” nas àirde na an àireamh a thuirt gun robh iad “Fileanta gu lèir” (42.2%). Tha seo a’ sealltainn gu bheil cuid ann, ged nach eil iad fileanta, a’ cleachdadh Gàidhlig bho latha gu latha;
- Thuirt 55.8% gu lèir gum biodh iad a’ cleachdadh Gàidhlig gu ìre air choreigin san àite-obrach. ’S e figear glè mhath a tha seo an taca ris an àireamh de dhaoine ann an 2012 a bhiodh a’ cleachdadh Gàidhlig: 49.3%. Thuirt 38.1% cuideachd gun robh iad ag iarraidh barrachd chothroman Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach, agus tha seo mar bhunait mhath gus ro-innleachd ionnsachadh Gàidhlig a dheasachadh;
- Tha iarrtas mòr ann (34.2%) airson ionnsachadh na Gàidhlig tro app didseatach no cùrsa air loidhne.